

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Call a' Chairnsmuir

*A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 767. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 463 corresponds to Litir 767.*

Soitheach air sgeir. Deoch làidir air bòrd. Eileanaich Ghàidhealach a' toirt uisge-beatha gu tìr gus nach biodh e air chall do na h-eileamaidean – no muinntir na cusbainn! Bidh sibh a' smaoinichadh gu bheil mi a' cuimhneachadh stòiridh an *SS Politician* a rinneadh ainmeil le Compton MacCoinnich anns an leabhar *Whisky Galore*. Chaidh an soitheach air na sgeirean faisg air Eirisgeigh agus chaidh mòran dhen uisge-bheatha air bòrd a 'shaoradh', mar gum bitheadh, leis na h-eileanaich.

Ach chan eil mi a' bruidhinn mun Pholitian. Seasgad bliadhna roimhe sin, bha tubaist eile faisg air Tìriodh. Chan eil daoine cho eòlach oirre 's a tha iad air gnothach a' Pholitian.

Bhon a thogadh Taigh-solais na Sgeir Mhòir ann am meadhan an naoidheamh linn deug, mun robh mi a' bruidhinn an t-seachdain sa chaidh, bha uisgeachan Thìriodh air a bhith na bu shàbhailte do luingeas. Ach bha tubaist a' *Chairnsmuir* ann an ochd ceud deug, ochdad 's a còig (1885) na dearbhadh gun robh cunnart ann fhathast.

Bha an Cairnsmuir, anns an robh mìle is ceud tonna de chuideam, a-mach à Hamburg air a slighe a Ghlaschu agus an uair sin a **Shìonaidh**. Chaidh i tron Chaol Arcach agus lean i seachad air a' Pharbh far an do thionndaidh i gu deas. 'S e an samhradh a bh' ann – mìos an Iuchair. Bha criutha air bòrd de shia duine fichead.

Lean an Cairnsmuir tron Chuan Sgìth. Chaidh i seachad air Taigh-solais Ùisìnis ann an Uibhist mu leth-uair an dèidh naoi feasgar. Mu chairteal gu trà sa mhadainn bhuail i anns a' Bhogha Mhòr far costa siar Thìriodh. Bha an soitheach a' dol aig astar ochd mìle-mara san uair agus, mar sin, bha i air a milleadh gu mòr.

Thug an sgiobair an t-òrdugh **an soitheach a threigsinn**. Bha i a' briseadh an-àirde. Rinn an criutha air tìr anns na geòlaichean aca.

Cha b' fhada gus an robh eileanaich a' dèanamh cobhair air na maraichean. 'Dè bh' agaibh air bòrd?' dh'fhaighnich iad.

'Uisge-beatha is leann, am measg eile,' thuirt na maraichean. Cha robh ùidh aig na Tìristich anns an 'eile' ach, gu dearbh, bha ùidh aca anns an uisge-bheatha!

Chaidh iad a-mach don luing-bhrisidh airson na b' urrainn dhaibh a thoirt gu tìr mus tigeadh muinntir na cusbainn. Bha stuth cuideachd a' tighinn gu tìr leis an tìde-mhara air tràighean an eilein.

Nuair a thàinig muinntir na cusbainn, dh'fheuch iad ri teicheadh a chur air na h-eileanaich. Ach fhuair iad droch-bheul. Bha na Tìristich a' dòrtadh uisge-beatha a-steach gu soithichean eile. Chan fhaigheadh na h-oifigearan cusbainn an uair sin ach botail fhalamh.

Aon turas chunnaic oifigearan cusbainn bogsa air flod. Bha iad an dùil gun robh e làn uisge-bheatha. Bha iad a' dèanamh dheth gun tigeadh e gu tìr anns an ath bhàgh. Ach fhad 's a bha iad a' cumail sùil air, agus a' coiseachd a dh'ionnsaigh an ath bhàigh, thug eileanach, air an robh MacUalraig mar ainm, a chuid aodaich gu lèir dheth. Leum e don uisge, shnàmh e a-mach agus thug e am bogsa gu tìr.

Bha na h-oifigearan a' dol a chur stad air, ach nochd buidheann mhòr de dh'eileanaich airson taic a thoirt dha, agus shaoil muinntir na cusbainn gum biodh e glic dhaibh gun a bhith anns an rathad. Agus 's e sin agaibh stòiridh call a' Chairnsmuir.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Eirisgeigh: *Eriskay*; Tìriodh: *Tiree*; taigh-solais: *lighthouse*; An Cuan Sgìth: *The Minch*; Ùisinis: *Ushinish*; geòlaichean: *dinghies*; leann: *beer*; droch-bheul: *abuse, foul language*; Tìristich: *Tiree people*; air flod: *floating*; MacUalraig: *Kennedy*.

**Abairtean na Litreach:** gus nach biodh e air chall: *so that it wouldn't be lost*; chaidh mòran dhen uisge-bheatha air bòrd a 'shaoradh', mar gum bitheadh: *much of the whisky on board was 'liberated', as it were*; bha uisgeachan Thìriodh air a bhith na bu shàbhailte do luingeas: *the waters of Tiree had been safer for shipping*; bha X na dearbhadh gun robh cunnart ann fhathast: *X was proof that there was still danger*; chaidh i tron Chaol Arcach: *she went through the Pentland Firth*; seachad air a' Pharbh far an do thionndaidh i gu deas: *past Cape Wrath where she turned south*; mìos an Iuchair: *the month of July*; bha criutha air bòrd de shia duine fichead: *there was a crew on board of twenty-six*; bhuail i anns a' Bhogha Mhòr far costa siar Thìriodh: *she struck the Bogha [submerged rock] Mòr off the west coast of Tiree*; astar ochd mìle-mara san uair: *a speed of eight knots*; bha i air a milleadh gu mòr: *she was badly damaged*; a' briseadh an-àirde: *breaking up*; cha b' fhada gus an robh eileanaich a' dèanamh cobhair air na maraichean: *it wasn't long until islanders were helping the mariners*; a-mach don luing-bhrisidh: *out to the shipwreck*; airson na b' urrainn dhaibh a thoirt gu tìr mus tigeadh muinntir na cusbainn: *to get what they could ashore before the customs and excise folk came*; a' tighinn gu tìr leis an tìde-mhara air tràighean an eilein: *coming ashore with the tide on the island's beaches*; ri teicheadh a chur air na h-eileanaich: *to chase away the islanders*; botail fhalamh: *empty bottles*; thug X a chuid aodaich gu lèir dheth: *X took all his clothes off*.

**Puing-chànain na Litreach:** a-mach à Hamburg air a slighe a Ghlaschu agus an uair sin a Shìonaidh: *out of Hamburg on her way to Glasgow and then to China. A couple of country names which end in 'a' have a dative form which terminates 'aidh', although not all dialects recognise this. The most obvious examples are Sìona 'China' – it becomes à Sìonaidh 'from China', and Ameireaga 'America' which becomes a dh'Ameireagaidh 'to America'. But many country names do not inflect in this way. Thus we say a Chanada 'to Canada', à Latbhia 'from Latvia' and ann an Argentina 'in Argentina'.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Thug an sgiobair an t-òrdugh an soitheach a threigsinn: *the captain gave the order to abandon [the] ship.*

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA*